

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2018 | 2 | AN GEARRAN

## Facal Toisich

A chàirdean chòire

Mar a bhios fios aig a' mhòr-chuid, bhon a leig An Dr Urr Ruairidh dheth a dhreuchd mar Fhear-deasachaidh nan Duilleagan Gàidhlig, tha a' bhuidheann Ghàidhlig air a bhith ag ullachadh agus a' deasachadh nan irisean. San eadar-àm, dh'fheuchadh ri Neach-deasachaidh ùr a lorg a ghabhadh uallach air a shon. Co-dhiù, dh'fhàillig oirnn neach a lorg a dhèanadh seo gach mìos. Mar Chathraiche na Buidhne, tha mi airson leigeil fhaicinn dhuibh na co-dhùnaidhean a rinn a' bhuidheann aig a' choinneimh mu dheireadh airson oidhirp eile a dhèanamh leantainn leis an obair seo, co-dhiù anns a' gheàrr-ùine.


Tha sinn a' cur romhainn iris gach cairteil a dheasachadh agus fhoillseachadh, a' tòiseachadh san Ògmhios 2018 (an uairsin an t-Sultain 2018, An Dùbhlachd 2018 agus am Màrt 2019). Tha seo a' ciallachadh nach bi iris ann sa Mhàrt. Thèid coimhead air an t-suidheachadh às ùr faisg air ceann na h-ùine sin.

Bidh seo na bhriseadh dùil gun teagamh, do chuid agaibh a tha air a bhith a' leantainn na h-iris gach mìos fad ùine fhada. Anns an t-suidheachadh, cha bhiodh roghainn eile ann ach an iris a stad gu tur agus cha robh ball den bhuidhinn airson 's gun tachradh sin idir. Tha mi cinnteach gum bi an luchd-leughaidh taingeil nach deach sin aontachadh agus gur e seo an roghainn as fheàrr. Chan eil sin a' ciallachadh nach bi cothrom san àm ri teachd an iris fhoillseachadh gach mìos a-rithist nam b' e 's gun gabhadh sin dèanamh..

Tha a' bhuidheann trang a dh'aindheoin sin a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a bhrosnachadh am measg beatha agus amasan na h-eaglaise. Thathas gu sònraichte ag obair air Plana Gàidhlig airson Eaglais na h-Alba an-dràsta a thèid a libhrigeadh don Àrd-sheanadh sa Chèitean. 'S e leasachadh air leth misneachail a tha seo dhuinn.

Tha sinn a' cur luach mòr air taic agus ùrnaighean ar luchd-leughaidh a thaobh nan gnothaichean cudromach a tha seo.

**Am Fìor Urr. an t-Oll. Aonghas Moireasdan**



B' e Morair-easbaig na Cille Móire ann an Eaglais Easbaigeach na h-Èireann a bh' ann an Uilleam Bedell, a chaidh a chur gu bàs air sgàth a chreidimh san Aramach ann an 1641. Chaidh an t-eadar-theangachadh den t-Seann Tiomnadh fo stiùir Bhedell ann an Gàidhlig na h-Èireann fhoillseachadh ann an 1685. A rèir Bhedell, "cha bu chòir gun tèid dearmad a dhèanamh air na h-Èireannaich nuair nach eil a' Bheurla aca fhathast." Chaidh 207 lethbhreacan den Bhioball Èireannach a sgoileadh air Gàidhealtachd na h-Alba ach a chionn 's nach gabhadh an clò Gàidhealach a leughadh gu furasta le Gàidheil na h-Alba, chaidh a chlà-bhualadh a-rithist sa chlà Ròmanach fo stiùir Raibeirt Kirk (chaidh 3000 lethbhreacan dheth fhoillseachadh ann an 1690). B' e seo am Bioball a chaidh ùisneachadh air a' Ghàidhealtachd, ged a bha diofaran mòra air tighinn san dà Ghàidhlig, gus an do dh'fhoillsich an Comann chum Eòlas Crìosdaidh a Sgoileadh (SSPCK) 10,000 lethbhreac den Tiomnadh Nuadh, eadar-theangaichte le Seumas Stiùbhart, ministear Chill Fhinn, ann an 1767. Cha deach an Seann Tiomnadh fhoillseachadh (an tionndadh le Iain Stiùbhart agus Iain Mac a' Ghobhainn on Eabhrais) ann an Gàidhlig na h-Alba gu 1801.

## Cùil nan Ceist

**(bho Aireamh 2 – 2001)**

Aig toiseach àm an earraich tha ar ceistean às a' Bhìoball air a' mhìos seo co-cheangailte ris an ràithe seo den bhliadhna.

- 1 Cò a bha ag àr le da-chuing-dheug dhamh? (1 Rìghrean, caibideil 19)
- 2 Dè a chuir an nàmhaid am measg a' chruithneachd? (Mata, caibideil 13)
- 3 Cuir crìoch air na faclan seo – Thuit cuid dheth ann am fearann --- (Marcus, caibideil 4)
- 4 Cuin a tha còir agad do shìol a chur? (Eclesiastes, caibideil 11)

# Searmon Beag

## Maighistir Ùisdean

*Leis an Dr Urr. Ruairidh MacLeòid. Bha cuspair na h-earrainn seo, an t-Urr Ùisdean Dòmhnallach air aon de na ministearan a bha ann am Beàrnaraigh ron Dr MacLeòid. [may have to get photos from Dr Roddy]*

Chan e a h-uile ministear-sgìre a thèid ainmeachadh ann an trì pìosan bàrdachd eadar-dhealaichte. Ach bha sin fìor mun Urr. Ùisdean Dòmhnallach, a bha 'na mhinistear ann am Beàrnaraigh na Hearadh eadar 1852 agus 1878, agus ann an Trùmaisgearraidh o 1878 gu 1888.

Rugadh Maighistir Ùisdean ann an Tòrlam ann am Beinn na Fadhlaidh ann an 1812 agus chaidh e tron fhòghlam ann an Oilthigh Ghlaschu. (Tha *Fasti*, an leabhar-fiosrachaidh aig Eaglais na h-Alba, ag ràdh gur ann an 1822 a rugadh e, ach 's e mearachd a tha sin.) Bha e an toiseach na mhaighistir-sgoile ann am Barraigh. An dèidh dha cead-searmo-nachaidh fhaighinn o Chlèir Uibhist, bha e faisg air ceithir bliadhna suidhichte aig a' mhisean a bha aig an Urras Rìoghail (*Royal Bounty*) ann am Baghasdal.

Bha e air fhàgail air cuid de na daoine a bha a' fuireach anns a' cheàrn de Bheinn na Fadhlaidh dam buineadh Ùisdean gun robh iad rudeigin monaiseach. Bha facal ann aig aon àm – “Dìochuimhn' na Beinn Mheadhanaich.” Nuair a bha e na mhinistear ann am Beàrnaraigh bha muinntir an eilein a' cumail a-mach gun robh e dìochuimhneach na dhòigh. Tha fios gur ann a' dèanamh tarraing air sin a bha am bàrd Beàrnarach, Calum MacAsgaill, Calum mac Iain 'ic Phàdraig, nuair a thubhairt e ann am Banais *Mòir Bhig*, anns an leabhar *Orain Chaluim*:

*Ach ma chaidleas Maighistir Ùisdean,*

*Cha bhi reusan dol ga dhùsgadh.*

Bha tè a bha càirdeach don mhinistear ag innse dhomh gu n robh e a' cur cruaidh-fheum air searbhanta a chuireadh na fhaireachadh e nuair a bha àm na seirbheis a' tighinn dlùth.

Nuair a bha Maighistir Ùisdean ann am Beàrnaraigh chuir e dàn ri chèile mu a nàbaidh, Iain Tormod Dòmhnallach, ministear na Hearadh. Ged nach eil sgeul an-diugh air a' phìos bàrdachd a rinn e, a rèir iomraidh cha robh spiorad na bàrdachd idir aige mar a bha aig fear ainme a bha an càirdeas dha, Ùisdean Laing, a sgrìobh *Gu Tir Mo Luaidh* agus leabhraichean eile.

Tha lorg againn air a' bhàrdachd a sgrìobh ministear na Hearadh a' toirt fios-freagairt don rannghall aig Maighistir Ùisdean a chionn gu bheil e anns a' chruinneachadh mhìorbhaileach sin, *The Macdonald Collection of Gaelic Poetry*, le dà mhinistear Uibhisteach eile a bha iad fhèin nam ministearan-sgìre. Thug Maighistir Iain Tormod *Cuideachadh Maighistir Ùisdean* mar ainm air an dàn, agus a' leughadh an trì thar fhichead rann, bheireadh e oirnn a chreidsinn gur e fear de fhìor fhilidhean na Gàidhlig a bha ann an Ùisdean Dòmhnallach, gu dearbh, gun tug e bàrr air a h-uile bàrd eile a bha riamh ann.

*Tapadh leat, a Mhaighistir Ùisdeisn,*

*'S mòr do bhiùthas, 's math do chòir air;*

*Dhùsg thu iongantais san dùthaich,*

*On dh'ùraich thu dhuinn an t-òran;*

*Meal do chiall, do rian, 's do thùrainn,*

*Do chruit chiùil, do chliù 's do mhòr-chùis,*

*Dh'fhàg thu na bàird air do chùlaibh,*

*Na chaidh a-null 's na bheil beò dhiù.*

Anns na rainn eile tha an t-Urr. Iain Tormod a' cumail roimhe leis a' mholadh is a leis a' bhrosгал seo air comasan Maighistir Ùisdean mar bhàrd:

*Chualas ceòl anns gach ceàrn,*

*'S gun cainte 's gach àit' nach b'fhaoin e;*

*'S ann a-mach o chladach Bheàrn'raigh,*

*Bu ghile tràigh 's bu chaoine,*

*Dh'èirich an luinneag a b'aille*

*Na chual' Adhamh measg nan craobh,*

*Nuair sheòl a' cheòlraidh bhinn sa ghàradh,*

*Seal mun do bhàsaich clann dhaoine.*

Ma chreideas sinn ministear na Hearadh, bha na gibhitean bàrdachd aig ministear Bheàrnaraigh a' toirt air gach creutair cruthaichte, gu ruigeas na sgairbh air Caolas Sgàire, eadar Euthasaigh agus Ceillegreigh, a bhith nan tosd agus iad air an lìonadh le iongnadh:

*Sguir gach òran, sguir gach clàrsach,*

*Sguir gach bàrd 's gun d'fhàmh luchd theuda,*

*Sguir na h-eòin 's na coilltean fàsaid,*

*Sguir banarach shàr na sprèidhe;*

*Sguir an sprèidh air bheanntan àrda,*

*'S dh'amhairc iad an àird nan speur;*

*'S na sgairbh air Caolas Sgàire,*

*Theann iad na bu dàine dh'èisteachd.*

Anns an rann mu dheireadh den dàn tha e follaiseach gur ann le dibhearsan a bha am bàrd nuair a bha e ag àrd-mholadh nan sgilean aig Maighistir Ùisdean, gu h-àraidh nuair a tha e ag ràdh gur e *tàchan òrain* a bha aig a charaid.

*'S math thu fhèin, a Mhaighistir Ùisdean,*

*'S mòr do chliù, 's gur math do chòir air,*

*Tha sinn fo chomain as ùr dhut,*

*On dh'èist sinn rid tùchan òrain;*

*Gleus gu robh air d'inneal-ciùil,*

*Gu bràth na robh tùchadh no bròn air,*

*Chan eil maighdeann òg san dùthaich*

*An-diugh nach dùraigeadh pòg dhut.*

Tha luaidh ga dèanamh air Maighistir Ùisdean ann an *Rann Callainn* a rinn Calum mac Iain 'ic Phàdraig, a chuala mi fhèin aig Coinneach Dòmhnallach, Coinneach Aonghais 'ic Ruairidh, nuair a bha mi a' fuireach ann am Beàrnaraigh.

*Tha mi nochd a' dol air Callainn*

*Leis na balaich mar a chleachd mi;*

*Chan fhan mi ann an Lag a' Chealla*

*No 'm Beasdaire, tha e faisg orm;*

*Tadhlaidh sinn aig Maighistir Ùisdean,*

*'S dùil againn a dhol air astar;*

*Gheibh sinn im is càis is feòil ann,*

*'S Mac an Tòisich anns a' mhansa;*

*Chan fhan sinn idir ann am Brùsda,*

*Thèid sinn null gu Niall mac Lachlainn;*

*Taghaidh sinn na daoine còire,*

*'S iad is dòcha rud bhith aca;*

*Chì iad aca fhèin na dh'fhòghnas,*

*Ged a chobh'eadh iad 'nam airc mi.*

*Bidh mi 'g iomradh fhad 's is beò mi*

*Coibhneas Mòire Nic a' Phearsain;*

*As gach tè a thachair riamh rium,*

*'S i a' chiad tè bheirinn as dhiù,*

*Làmh gun ghainne, cridhe fialaidh*

*An àm an riaghlaidh – leig a-steach sinn!*

Ged a bha làn dhùil aig an fheadhainn a bha a' tadhal nan taighean ann am Beàrnaraigh aig àm na Callainn ri drama fhaighinn anns a' mhansa aig Maighistir Ùisdean, chan eil sin idir a' ciallachadh gur e duine mì-stuama a bha anns a' mhinistear. A rèir iomraidh 's e a bha ann ach duine measarra, stuama, faiceallach. Nuair a bha e air gluasad à Beàrnaraigh an dèidh 1878, thadhail a bhràthair air ann am mansa Thrùmaisgearraidh a' tighinn faisg air deireadh na bliadhna. Bha a bhràthair, Maighistir Alasdair, cuideachd na mhinistear, ann an Steinnseal anns an Eilean Sgitheanach, eadar 1856 agus 1881. Chuir Alasdair pige de dh'uisge-beatha Thalaiseir air a' bhòrd. “Seo dhut cuid na bliadhna 'ùire aon turas eile,” thubhairt ministear Steinseal. “Nach sibh a tha gòrach,” ars tè de na searbhantan, “tha am pige a thug sibh thuige aig àm an fhoghair fhathast gun buntainn dha.”

'S e eaglaisean Pàrlamaid, air an dealbh le Tòmas Telford, a bha

anns na togalaichean ann am Beàrnaraigh, ann an Trùmaisgearraidh agus ann an Steinnseal far an robh na bràithrean à Beinn na Fadhla nam ministearan.

Cha robh Maighistir Ùisdean pòsda, agus bhiodh Mòr Nic a' Phearsain, nighean a pheathar, tha mi an dùil a' cumail an taighe dha nuair a bha e ann am Beàrnaraigh. Tha ise air a h-ainmeachadh anns an Duan Challainn mar bhoireannach a bha aoigheil còir.

Cha do phòs Maighistir Ùisdean riamh (no a bhràthair, Maighistir Alasdair) agus tha e air a ràdh gur e duine diùid a bha ann, agus gun robh beagan eagail air ro bhoireannaich. ('S dòcha gur e sin as coireach gun robh am bàrd a' sgrìobhadh gum biodh a h-uile maighdeann anns an tìr a' miannachadh a phògadh leis cho tàlantach, mas fhìor agus a bha e.) Aig àm an fhoghair ann am Beàrnaraigh bha sgioba de mhuinntir an eilein a' cuideachadh leis an obair air a' ghliob. Bu toigh leis a' mhinistear sùil gheur a chumail air an obair agus cha robh seo a' còrdadh ris an luchd-obrach. Thubhairt tè de na boireannach ri càch gun toireadh ise air Maighistir Ùisdean tilleadh don mhansa agus fois fhàgail acasan. Sgaoil i còta-bàn air an fheur, agus nuair a chunnaic am ministear an t-aodach boireannaich, chlisg e agus thug e a chasan leis.

Fhuair an t-Urr. Ùisdean Dòmhnallach bàs ann an Loch nam Madadh air an latha mu dheireadh den Fhaoilleach 1888. Bha e trì fichead agus ochd deug, agus bha e air dà fhichead bliadhna a chur seachad ann an seirbheis Eaglais na h-Alba. Bha tè a bha càirdeach dha pòsta aig an Dòmhnallach a bha os cionn Taigh nam Bochd ann an Loch nam Madadh aig an àm, agus thug iad leo e a dh'fhuireach còmhla riutha nuair a dh'fhàs e meadhanach. Tha e air a thìodhlacadh ann an cladh Chlachan Shannda agus thog na càirdean clach mar chuimhneachan air. Tha an t-iomradh a tha againn ann am bàrdachd air an duine chòir seo cuideachd a' cumail a chuimhne beò.

*Tha eaglais Bheàrnaraigh a-nis air a cur air doigh gu snasail mar thaigh-còmhnaidh. Chaidh prògram anns an t-sreath Restoration Man air Seanal 4 a chraoladh o chionn beagan bhliadhnaichean ag innse mun obair-leasachaidh a rinneadh air an togalach.*

## Searmon Beag

(bho Aireamh 2 – 2014 – An Gearran)

Is mise an doras (Eòin 8:9)

Chuala mi ministear a' cur na ceist seo air a' choitheanail aig toiseach an t-searmoin – *Dè am pìos àirneis as cudromaiche a tha anns an togalach seo anns a bheil sinn ag adhradh?*

Fhuair e grunn fhreagairtean. Thubhairt cuideigin gu bheil a' chùbaid sònraichte. Thubhairt cuideigin eile gur iad nan suidheachain air am bi an coitheanal nan suidhe rud cho cudthromach agus a tha ann. Bha cuideigin eile den bheachd gu bheil àite mòr aig bòrd a' cho-manachaidh a chionn gu bheil e na chomharradh dhuinn air na rinn Dia air ar son ann an losa Crìosd. Dh'innis an searmonaiche dhuinn an uair sin dè am freagairt a bha esan a' lorg. Thubhairt e gu bheil an doras air pìos àirneis cho cudromach agus a tha am broinn na h-eaglais, oir dh'fheumadh a h-uile duine tighinn tron doras nuair a thigeadh iad a-steach, agus a dhol a-mach air an doras nuair a dh'fhàgadh iad an eaglais.

Anns a' Bhìoball tha dorsan glè chudromach cuideachd. Tha am facal *doras* air a chleachdadh ann an dòigh litireil – doras an teampaill, doras pàillein, doras dachaigh, doras na h-àirc aig Nòah.

Tha doras air a chleachdadh ann an dòigh shamhlachail. Ann an Soisgeul Eòin tha losa a' bruidhinn air fhèin mar am Buachaille. Anns

a' chòmhradh sin tha E ag ràdh, *Is mise an Doras*.

Bliadhnaich mòra air ais bha fear-turais air chuairt anns an Ear-mheadhanach. Chunnaic e cìobair a' cruinneachadh nan caorach a-steach don bhuailidh ann an ciaradh an fheasgair. Ach thug e an aire nach robh doras no geata air a' bhuailidh. Dè a thachradh nam fiachadh na caoraich ri teicheadh? Mura robh geata air a' bhuailidh dh'fhaodadh beathaichean fiadhaich no gadaichean tighinn a-steach fo sgàil an dorchadais.

*Càit a bheil an doras?* dh'fhaighnich an coigreach don buachaille. Is mise an doras, fhreagair an cìobair. Agus bha sin fìor. Fad na h-oidhche bhiodh am buachaille na shìneadh tarsaing air an fhosgladh anns a' bhuailidh. Chan fhaigheadh ainmhidh no duine a-steach air a' bhuailidh gun a dhol tarsaing airsan, gun esan a dhùsgadh.

Sin an dàimh a tha eadar am Buachaille Math agus a threud. Tha Esan gan dìon, a' cumail sùla orra a latha agus a dh'oidhche. Mar a tha an salmair ag ràdh, 's e Dia fear-coimhid Israeil air nach aom cadal no suain.

*Is mise an doras, ars losa.* Thubhairt E cuideachd, *Is mise an t-slighe*. Tha an aon chiall aig an dà fhacal. Is ann tro losa a thig sinn gu Dia. 'S e losa fhèin a dh'fhosgail dhuinn an t-slighe, an doras, a dh'ionnsaigh Dhè, an t-slighe a tha a' treòrachadh a-chum na beatha, beatha ann am pailteas.

Tha dorsan dùinte ag innse an sgeulachd fhèin – cothroman air a chall, Crìosd air a chumail a-muigh air an starsaich, an t-eagal mar a bha ann an cridhe nan deisciobal agus na dorsan glaiste air eagal nan Iùdhach. Ach dh'fhosgail Dia dhuinn ann an losa Crìosd doras na slàinte, doras a' mhathanaid, doras na beatha shìorraidh.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Ann an cluainean glasa bheir e orm laighe sìos, làimh ri uisgeachan ciùine." Tha na faclan sin sgrìobhte ann an salm ainmeil, an treas salm thar fhichead. Tha iad anns an dàrna rann. Bidh sinn tric a' seinn an t-sailm sin anns an eaglais. Ach tha an salmair ag aideachadh gu bheil barrachd air cluainean glasa agus uisgeachan ciùine ann am beatha an duine. Bidh na glinn dhorcha ann cuideachd. Ach tha Dia ri ar taobh nuair a tha an rathad furasta no doirbh, air làithean dorcha agus air làithean grianach soilleir.

**Tha am Bioball ag ràdh gur e an t-earrach "àm seinn nan eun". Is toigh leam a bhith ag èisdeachd ris na h-eòin. Is toigh leam a bhith a' faicinn nan eun anns a' ghàrradh. Tha eòin ann a chì sinn fad a' gheamhraidh – am brù-dearg, an lon-dubh, an druid. Thig feadhainn eile air ais à dùthchannan eile nuair a thig am blàths. Thubhairt losa gu bheil leasain ann a theagaisgeas na h-eòin dhuinn.**

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "An uair a dh'èireas Iain Dubh, laighidh am ministear." (When Black John rises, the minister lies down.) Aig aon àm bha ùghdarras aig a' mhaor-eaglais. 'S e "am beadal" an t-ainm a bhiodh air ann an Gàidhlig agus ann an Albais. 'S dòcha gum biodh Iain Dubh a' seasamh nuair a bha e a' smaoinachadh gun robh an searmon fada gu leòr. Shuidheadh am ministear an uair sin agus fios aige gun tuirt e gu leòr. Chan eil na searmonaichean cho fada an-diugh agus a bha iad uaireigin.

**Cha toigh leam oidhcheannan a'gheamhraidh. Tha iad dorcha agus tha iad fada. A-nis tha an latha nas fhaide. Chan eil an oidhche cho dorcha. Tha Dia dlùth dhuinn aig a h-uile àm. Chì sinn obair a làimhe aig gach àm den bhliadhna.**



## AM FEAR-DEASACHAIDH

Gus an tèid Deasaiche ùr a thaghadh, faodaidh sibh post-d a chur dhan Bhuidhinn Ghàidhlig aig neacag@gmail.com ma bhios pìosan sgrìobhte no litrichean agaibh airson nan ath irisean.

# Thall 's a-Bhos

### Rann

*An dòighean diamhair gluaisidh Dia,  
Thoirt iongantais mun cuairt;  
Mar charbad dha tha 'n doineann dhian,  
'S tha lorg a chois sa chuan.*

*Sin mar a dh'eadar-theangaich an t-Oll. Urr. Alasdair Camshron (1827-1888) a' chiad rann anns an laoidh aig Uilleam Cowper, God moves in a mysterious way. Bhuineadh Mgr. Camshron do Bhaideanach agus bha e na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an eilean Arainn. Tha e air a ràdh gun do sgrìobh Cowper an laoidh seo aig àm na bheatha nuair a bha e gu h-ìosal anns na doimhneachdan agus chleachd Dia meadhan airson a thogail an àird a-rithist.*

### Duine Fialaidh

Bha Teàrlach Caldair, a bha ann an sgrì na Tòiseachd eadar 1774 agus 1812, na shearmonaiche mòr na latha. Tha an t-Urr. Iain Dòmhnallach (Dòmhnallach na Tòiseachd), a thàinig na àite, ag innse gun robh e cuideachd na dhuine a bha pailt-làmhach na nàdar. "Na aoidheachd agus na thabhartasan, bu duine fialaidh do bhochd agus don euslainteach e. Bu lìonmhor iad sin gu tric timcheall a dhorsan; agus is ann gu fòil agus gu ciùin a chompàirticheadh e riutha, mar a bhuilich an Tìghearna an comas air."

### Adhbhar Gàire

Bha ministear nach robh ach beag ann an àirde a' cumail seirbheis ann an eaglais air nach robh e eòlach. Cha do thuig e gun robh a' chùbaid cho àrd agus gann gum faiceadh an sluagh a cheann os cionn a' Bhiobaill. Bha an coitheanal a' smaoinichadh gun do thagh e salm a bha freagarrach air a shuidheachadh, ged nach do thuig e fhèin sin:

*On doimhne, O lehòbhah Dhè,  
Do ghlaodh mi riutsa suas.*

## Fuasgladh nan Ceist

Seo freagairtean nan ceist a chuir sinn air a' chiad dhuilleig.

1. Elisa.
2. Cogal.
3. --- creagach.
4. Anns a' mhadainn.

### Creidimh agus Deuchainn

"Nuair a thug Dia Israel tron Mhuir Ruadh an sin thug E don fhàsach iad, agus air a' mhodh cheudna air dha anam a shaoradh, cuiridh E deuchainn air. Cha toir E creidimh gun deuchainn a chur air. Tha an t-slighe gu Sion tro ghleann Baca." (O shearmon aig Raibeart Moireach McCheyne air Leabhar an Taisbeanaidh vii: 9-17)

### Cur agus Buain

"Tilg do shìol air aghaidh nan uisgeachan, agus an dèidh mòran laithean gheibh thu e.' Tha culaidh-mhisnich mhòr againn anns a' ghealladh seo, a-chum buanachadh ann an seirce agus ann an truacantas, chum gnìomharan cathrannais agus fialaidheachd, a chum iochd agus gràdh altram nar cridheachan. Tha cunntas mion, neo-mhearachdach air a chumail ann an leabhar-cuimhne Dhè air na h-uile nithean a rinneadh riamh, no a dhùraichdeadh, airson glòir Dhè agus maith a' chinne-daonna. Faodaidh an creidmheach fialaidh, gràdhach, smaoinichadh air uairean gu bheil e a' tilgeadh air falbh a choibhneis is a sheirc, dìreach mar gum biodh, a' sgapadh an t-sil-chuir air aghaidh nan uisgeachan; ach tha facal Dhè ag radh nach tug riamh deoch de dh'uisge an fhuarain do dh'aon de dheisciobail Chrìosd, ann an ainm deisciobail, nach d'fhuair a dhuais." (An DrUrr. Tormod MacLeòid, Caraid nan Gàidheal.)

## Ùrnaigh

A Dhè ar Cruthaidhear  
a tha a' riaghladh  
anns gach aimsir den bhliadhna,  
taing dhut airson teachd an earraich.  
Mar a chì sinn comharraidhean fàis  
ann an obair nàdair mun cuairt oirnn  
gum bi sinn a' miannachadh  
a bhith a' fàs ann an gràs  
agus ann an eòlas ortsa.  
Nuair a chì sinn gach nì  
a tha a' fàs a' tighinn beò as-ùr,  
gum bi sinne ag iarraidh  
A bhith air ar ath-bheothachadh  
Mar an ceudna.

AMEN